

- 5,5013 (27)

W. Macdonald  
1874  
J. Macdonald

1911



Library of the  
National Academy of Sciences

Washington, D.C.

NATIONAL LIBRARY OF SCIENCE  
E  
JUN 7 1972

1911

1911

# LAOIDHEAN SPIORADAIL.

---

## AN DARA ADHAMH.

Ged a thug an ceud Adhamh  
Oirnn bàs agus dìteadh,  
'S iomadh truaighe do-àireamh  
A' cosnadh àmhgharan siorruidh,  
Thànaig sgeula na slàint' oirnn,  
Mu'n Dara Adhamh, is e Iosa,  
Gu'n do rugadh 'san stàbull,  
E o Mhàiri mar chlochan.

'S gu'n do ghabh e ar nàdur,  
Fèoil, cnàmhan, a's anam,  
'S gu'n do sheas e 'n ar n-àite  
Thoirt dhuinn slàinte o ar galar ;  
'S fìor dhuine shliochd Adhamh e,  
'S Dia nan gràs o 'na flaitheas,  
Ann an aonachd da nàduir  
A' gabhail tàmh 'san aon phearsa.

'So an dìomhaireachd mhòr sin,  
A tha glòrmhor thar smuainte ;  
'S Dia air fhoillseach' san fheòil e  
Thabhairt tròcair do thruaghain ;  
So leanabh an àigh ud  
A rinn am Fàidhe dhuinn luaidh air,  
A bhios an uachdranachd àluinn  
Gu bràth air a ghuailean.

Ann a' Chumhnanta Nuadh e  
Bunait uasal tha sàr-mhaith,  
Chaidh a dhearbhadh le fuathas  
De bhuaireidhean làidir ;

'S leis a' chorrui ch tar smuainte  
 Thàinig nuas oirr' o'n àirde,  
 Cha do ghéill, 's cha do ghluais i,  
 Oir cha d' fhuaras innt' fàillinn.

So am faillean 's an Fhìonain  
 Tha neo-chrìochnach làn beatha,  
 A dh'àrach mheanganan Israeil  
 Gus an cinn iad gu flaitheas ;  
 'S gheibh na cinnich fo dhìtheadh,  
 'Sa tha tinn leis a' pheacadh,  
 Sàr fhasgadh fo 'dìdean,  
 Agus ìocshlaint' d'an anam.

Bha e naomh ann na inntinn,  
 Ann na chridhe, 's na ghluasad ;  
 Bha neo-thuiteamachd fhìor leis,  
 'S buaidh dhìleas 's gach buaireadh :  
 'S tha e sònruicht' measg mhìltean,  
 'S e neo-chrìochnach ro luachmhor ;  
 'S e mar ròs ann an Saron,  
 'S mar liliidh àluinn measg chluaran,


Phàigh e 'n ùmhlachd do Cheartas  
 A bha e 'tagradh mar fhiachan,  
 Ann an àite nam peacach  
 A bha air seacharan cianail :  
 Dhòirt e 'fhuil chum an glanaidh,  
 'Sa dh'fhaòtann maitheanas fial doibh—  
 'S àrd e nis anns na flaitheas  
 Mar Fhear-tagraidh d'a iarmad.

So an Spiorad bheir beatha,  
 Ged thug Adhamh am bàs oirnn ;  
 An ceud fhear dhiubh o'n talamh,  
 'S an dara fear so o'n àirde :  
 'S ann mar sud a tha 'n gineil,  
 Eadar-dhealuicht' 'n an nàdur—  
 Co ac' a tha iad o'n talamh,  
 No tre 'n ath-bhreith o'n àirde.

Tha 'n Dara Adhamh so seasmhach,  
 Oir cha tuit e gu siorruidh ;

Cha tig fàillinn no easbhuidh—  
 Cha tig laigs' air no liathadh :  
 'S o na tha e gun choimeas  
 Gu bheil a thomhas neo-chrìochnach,  
 A's cha'n urrainn sinn aithris  
 A dhoimhneachd, fhad, a's a liad dhuibh.

So an tobar tigh Dhaibhidh  
 A ghlanas gràinealachd cheudan—  
 So an sliochd ud o Abr'am  
 'S am bheil fàbhar aig treubhan :  
 'S e is glòir do na ciunnich  
 A rinn e fhiosrach' le 'ghràsan—  
 A dh'ull'aich cuirm air an t-sliabh dhoibh  
 'S e ro fhialaidh g'a pàirteach'.



#### AN DARA PAIRT—MU 'CHEILE.

'S ged nach d' fhuaras dha céile  
 Mar bha Eubh do'n cheud Adhamh,  
 Shir a's lorg e dha féin i  
 Ann an Èiphit nan tràilleann :  
 'S bu neo-choltach ris féin i,  
 'S i 'na creuchdanaibh gràineil—  
 Sàlach, truailidh, neo-gheanmaidh,  
 Uaibhreach, feargach, làn àrdain.

'S ann bha 'breith a's a dùchas  
 Bho dhùthaich Chanàain—  
 Oir b' Amorach a h-athair,  
 'S bu bhan-Hiteach a màthair ;  
 'S ann bha i do'n t-sluagh sin  
 D'am bu shuaich'ntas Loami,  
 Ged a fhuair iad o'n uair sin  
 Ainm nuadh, 's e Ruhàmah.

Phàigh a's cheannaich e daor i,  
 'S rinn e caochladh saor ghràis oirr',  
 'Sa h-ath-nuadhach' gu buileach  
 Bho 'mullach gu 'sàiltean—

Dhùin e callaid le droigheann,  
 'S thug e mach i do'n fhàsach ;  
 'S rinn e 'cridhe ris aomadh,  
 'S thuig i 'ghaol bhi gun fhàillinn.

Rinn e 'glanadh 's a leigheas—  
 Rinn e freagrach dha féin i—  
 Rinn e naomh i a's dìleas  
 Ann na cridhe 's na beusan—  
 Rinn e glòrmhor 'na mais' i,  
 Tha i barraicht' thar cheudan ;  
 'S chuir e trusgan de'n òr oirr',  
 Agus mòr obair ghréis air.

'S thuirt e rithe, “A nighean,  
 Aom do chridh' agus éisd rium,  
 Tigh t'athar 's do mhuintir  
 Na cuimhnich le chéil' iad ;  
 'S gabhaidh mise làn tlachd  
 Ann a'd mhaise le chéile,  
 'S bidh a nis dhuit mar thiodal  
 Nighean Shioin, 's dean feum dheth.

“ A's cha'n abairear tuilleadh  
 Té a chuireadh air chùl riut—  
 No ri d' fhearann am fàsach,  
 Ach bean ghràdhach mo rùin-sa ;  
 'S ri d' fhearann tìr chàirdeil  
 A bhios air àiteach gu h-ùrail,  
 'S their thu riumsa t'fhear gràdhach,  
 'S tilgear Bàal air do chulthaobh.

'Sud an té chaidh gu h-aobhneas,  
 'S gu bhi seinn le ceòl naomha,  
 'N uair a fhuair i 'm Fear-baiunse  
 D'am bheil ainglean ag aoradh ;  
 'S beag an t-ioghnadh a h-òrain  
 'Bhi cho ceòlmhor 's cho aoidheil,  
 'N uair a fhuair i mar shòlas  
 A bhi pòsd' r'a Fear-saoraidh.

'Sud am pòsadh 's an ceangal  
 A tha daingean a's siorruidh ;

- Cha sgar bàs e no beatha '  
 Bho na rinneadh le Dia e ;  
 'S bidh an sliochd thig o'n chàraid-s'  
 Ann an àileachd measg dhaoine,  
 Mar dhrùchd o bholg na moch mhaduinn  
 Ann am maise na naomhachd.
- 'S nearachd fear 'g am bi dhiubh-san  
 Làn glaice no dòrlach,  
 'S iad a chuireadh na cathan  
 Gun taiseadh, gun sòradh ;  
 'S ris na naimhdean 's na geataibh,  
 'S iad a sheasadh gu dàna ;  
 'S mu'm bi crìoch air a' ghleachd ud  
 Gu'm bi aca buaidh làrach.
- 'Sud an sliochd a bhios aithnicht'  
 'Measg chinneach a's threubhan,'  
 'S their na h-uile ni'm faicinn  
 Gu bheil beannachadh Dhé orr' :  
 Oir tha ìomhaidh an Athar  
 Orr' cho aithnicht' r'a leughadh,  
 Ris a' chéir air a *stampadh*  
 A' giùlan deachdadh an t-seula.
- 'Sud a' chéile 's a' ghineil  
 A tha spioradail, òirdhearc—  
 Saothair anama Rìgh Shìoin.  
 'S bheir gach aon diubh dha mòrachd :  
 Buinidh sud dha da-rìreadh,  
 'S e chuir ìomhaidh a ghlòir' orr'—  
 'S e a cheannaich 's a shaor iad,  
 'S thug 'Spiorad Naomh dhoibh mar thròcair.
- 'Sud an céile dh'fhàs maiseach,  
 Mar nach faiceadh tu riamh i—  
 Fhuair i 'ghealach fo 'casan,  
 'S crùn do dha reult dhiag oirr' :  
 Bha i òirdhearc 'na cumachd,  
 'S e bu thrusgan a' ghrian di,  
 'S beag an t-ioghnadh a gineil  
 'Bhi measg nan cinneach ro sgiamhach.
- 'S mòr a' ghlòir th'aig an té so  
 Seach aig Eubh anns a' ghàradh ;



'S tha'n céile 'ghabh thuige féin i'  
 Iomadh ceum os ceann Adhaimh :  
 Cha dean nathair an teumadh,  
 'S cha ghéill iad do nàmhaid ;  
 'S cha tig tuiteam, no déistinn,  
 No truaighe léir air a h-àlach.

Ged tha 'chéile 's an fhàsach,  
 'S a' fulang tarcuais a's ainneirt,  
 A' dol na h-uidheam le cabhaig  
 Fa chomhair latha na bainnse :  
 'N uair a thig am Fear-pòsda  
 Bidh sealladh glòrmhor le chéil' orr' ;  
 'S le caithream aoibhneach nan aingeal  
 Bheir e dhachaidh gu nèamh i.

'N àm suidhe mu'n bhòrd doibh  
 Aig suipeir pòsaidh 'Fear-saoraidh,  
 Cluinnear fuaim an cuid òran  
 A' toirt na glòir dha mar aon<sup>g</sup>ghuth :  
 Le Haleluiah bhinn, fhuaimneach,  
 'S Hosanah bhuan nach gabh caochladh,  
 Do'n Ti a shuidh air a' chathair,  
 'S a thug dhachaidh gu saor iad.

O ! anaim neo-bhàsmhor,  
 A fhuair 's an Adhamh so tròcair,  
 Feuch gu'n dearbh thu do ghaol da  
 'Dol troimh shaoghal nan deòir so ;  
 Gléidh do chogais 's an fhirinn,  
 Ann an sìth a's 'an òrdugh,  
 'S 'nuair bhios crìoch air do thuras  
 Bheir e thusa chum glòire.

'S thusa tha a'd' staid nàduir  
 O'n cheud Adhamh ann a'd' chrìonaich,  
 Abuich teann air son léir-sgrìos,  
 'S tu 'na d' chreutair gun dèidean ;  
 'S truagh nach tuigeadh tu saor e  
 Mu'n toir am maor thu do'n phrìosan,  
 'S an Dara Adhamh 'an tràth so  
 A' furan gràis air na mìltean.



## NIGHEAN SHIOIN.

'Sa Nighean Shioin, gur brònach mise  
 Mu d' leòn, mu d' thiom', agus sileadh do dheur :  
 'S tu'n saothair mhinic 'an saoghal chinneach,  
 'S gur h-ainmic a chithear do ghineil fo 'n ghréin :  
 'S do dheòir a' sruthadh mar cheò an iuchair,  
 A' brùchdadh thugainn bho lughadh nan neul,  
 'S tu'm pian gu t'aiseid, fo iargain fhada,  
 A's t'iarrais farsuing 's gun agad d'a réir.

'S tu'n saothair phailte, ri h-ùrnuigh 's trasgadh,  
 Le dùrachd anam a' tagradh gu treun;  
 A' sgaoileadh an Fhacail 's 'ga roinn le ceartas,  
 Gu cloinn 'thoirt dachaidh d'an Athair th'air nèamh ;  
 Mar mhnaoi air a glùinean fo eagal 's fo chùram,  
 'Toirt dachaidh a h-ùr-ghin le dùrachd 's le péin,  
 'Se aobhar do thrioblaid 's an t-saothair chridhe-s'  
 Gu'r gaoth 's nach gineil a chithear a'd' dhéigh. ]

'Se saothair gun toradh a leòn 's a lot i,  
 'S chuir bròn a's osnaich cho goirt ann na cliabh,  
 Ri daoine gun othail tha baoth, gun toinise,  
 Fo cheò an lochdan, gun mhothachadh gear ;  
 Mar dhaoin' ann an gàbhadh an cunnart bhi bàithte,  
 A's neach dol le bhàta g'an sàbhaladh dian,  
 Nach gabhadh r'a fhuran ach diùltadh buileach,  
 Mar sud tha na h-uiread r'a cuiridhean fial.

Ach chunnaic mi 'taruing mu'n cuairt i sa' chathair,  
 Ann am measg an luchd-faire, 's i 'gearan gu eruaidh,  
 A gràdh a's a caraid an déigh dol o'n bhaile,  
 'S i 'foighneachd am facas le neach dhiubh a luaidh ;  
 'S i 'g innseadh a choslais, " Ni's deirge na corcur,  
 'S ni 's gile na'n sneachda air chreachann nam beann ;  
 Tha e sònruicht' measg mhiltean, 'se ghaol a dh'fhàg tinn mi,  
 Sgapaibh ùbhlan an fhòn-lios ga m' dhion o bhi fann."

Ach cha d'fhuair i a caraid am measg an luchd-faire,  
 'S ann rinn iad oirr' fanoid le magadh neo-shuaire' ;

'S ged bhuaill iad le masl' i 's a rùsgadh d'a falluing,  
 Cha d'chum sud air h-ais i o leantuinn a luaidh.  
 Bha cridh' air a sgaradh mar fhiadh ri àm tarta,  
 'Ruith chum na sruth-chlaisean le sgairteachd ro chruaidh;  
 Ach dh'èirich gu maith dhi, cha deachaidh i fada,  
 'Nuair fhuair i 'na glacaibh am fear a bha uaip.'

'N uair fhuair i thoirt dhachaidh do' sheòmar a cadail,  
 Bha sòlas na h-anam 'cur thairis 's an uair,  
 'S i glaothaich ri càch, "Feuch nach dùisg sibh mo ghràdhsa  
 Air eagal gu'm fàg e mi ànraideach, truagh."  
 Rinn i greim air gu daingean 's cha leigeadh i as e,  
 Feadh liosan a's ghleannan 'ga leantuinn gu luath;  
 Bha neul air a pailiunn 's beag ioghnaidh mar bha i,  
 B'e Ughdar a slaint', a's a gràdh e do'n t-sluagh.

Ach chunnaic mi 'n òigh ud air amannaibh sònruicht',  
 A' tiormach nan deòir dhi 's bu bhòidheach a fiamh,  
 'S i 'seinn gu subhach le aoibhneas uile,  
 'S ann dh'fhoigh'neachd cuid an do dh' fhuirich a cial?  
 Mar mhnaoi air a saoradh, mu'n gann bha i'n saothair;  
 'S a càraidean naomh aic' air fhaotainn gun phian,  
 'S a còm fo iomairt le fonn 'na cridhe,  
 Bhi 'faicinn a gineil a' sireadh gu Dia.

'Nuair fhuair i 'na glacaibh iad 'suas g'an altrum,  
 Le<sup>st</sup>stuaime, le faicill, 's co'-fhaireachdain shuaire';  
 Le h-ùr-bhainne 'n Fhacail 'cur sùigh 'n an anam,  
 A's lùis 'n am ballaibh—bha 'h-aighear do-luaidh—  
 Gu suaimhneach, ait, mar luchd-buain o'n fhaiche,  
 'S am foghar làn abuich air a thasgadh a suas;  
 'S a gineil aig òl bho chlochaibh a sòlais,  
 'S am pailteas a glòire 's gu'm b'òirdhearc a snuadh.

Ach chunnaic mi fàirleus dhi 'nios tigh'nn on fhàsach  
 'An taic' r'a fear-gràdhach 's gu'm b' àluinn a snuadh;  
 Mar stuaghaibh do dheathaich bhiodh suas dol o'n talamh,  
 'S mar shluagh bhiodh fo bhrataich gràdh laiste an Uain;  
 A' siubhal gu h-òrdail an umhlachd d'a mhòrachd,  
 'S roimh shealladh do ghlòir e an còmhlàn 'sam buaidh,  
 Tre ghràs a tha'n gaisgeadh fo riaghladh an Caiptein,  
 'S cha bhi h-aon air an talamh nach aidich an t-Uan.

## A N T - A L L A B A N .

Fhìr a tha fathasd air allaban buairidh,  
 Ceap an seol-mara 's thig dhachaidh 's an uair so ;  
 Fhad 'sa tha fasgadh r'a fhaighinn o'n bhuaireadh  
 Càithrich an t-acair 'sa charraig nach gluaisear.

A mhuintir th'air allaban 's fhada bho thìr sibh,  
 'N àill leibh tigh'nn dachaidh gu caladh na sìochaint ?  
 Leughaidh gu beachdail a' chairt th'anns a' Bhlobull ;  
 A's seolaidh i'n rathad dhuibh dhachaidh gu Crìosda.

Togaibh 'ur seoltan an codhail na gaoithe,  
 'S iarraibh Spiorad Iehobhah 'g ur treorach 'le'naomhachd ;  
 Oir cha d' théid soitheach ràmhach no bàta le saothair :  
 A chaoidh anns an àireamh a ghràdhaich gu saor e.

Ged robh tonnan an uabhair a's buaireadh an t-saoghail,  
 Air thoiseach 'gad' bhualadh, 's aig cuartach gach taobh dhiot  
 Stùir-s' air an Uan 's gheibh thu buaidh air gach aon diubh,  
 'S cha'n fhàg e 'sa chuan thu mar fuaraich do ghaol da.

Feuch nach dean cadal do mhealladh sa' chruaidh-chas,  
 Na dibir bhi faire mu'n glacar 'n ad shuain thu ;  
 Bi cruadalach gaisgeil tha neart aig an Uan duit ;  
 'Sa chaoidh na toir fasgadh le caidreamh do thruailleachd.

'Tha t'anam-sa 'n cunnart gach latha sa' bhliadhna,  
 Fhad sa bhios tus' air an t-seacharan cbian so ;  
 Feudaidh an nochd gu'm bi t-anamsa 'm piantan :  
 Ma bhios tu neo-iompuicht 's gun sìth eadar Dia 's tu.

Mosgail a dhuin', tha thu tuilleadh is dàna,—  
 'Tha thu tuilleadh is fad' ann an glacaibh do namhuid :  
 Eirich gu grad fhads' tha latha nan gràs ann ;  
 " S e nis an t-am taitneach a's latha na slainte."

Eisdibh ri m' theagasg le h-aire gu deònach,  
 'S biodh tlachd aig bhur n-anam ann an cuirm a tha soghail ;

'S ni mi co-cheangal grasmbor nach fhailnich ri 'r beo sibh :  
 " An trocair fhuair Daibhidh " sa dh' àrduich gu gloir e.

'S doilich leam amharc air cloinn na-h-easumhlachd,  
 Ach 's muladach 'n staid sam bheil clann an nuadh-chumhnaint';  
 Bidh roinnean am pairt diubh ged 'tha 'd air an ùr-bhreith  
 Ma bhios caochladh nan nadur thaobh aithn'tibh a chumhnaint.

Tha obair air lcith aig ar hallaibh an còmhnuidh,  
 Cha ebluinn sinn le'r suileabh 's cha 'n fhaic sinn le'r srònaibh :  
 Gidheadh tha iad feumail do'n dreuchd dhoibh chaidh òrdach' :  
 'S ni iad giulan le cheil' ann an reite mar 's còir dhoibh.

'S ballaibh na chreidmhich da fheoil is d'a chnàmhan,  
 Ach tha cuid diubh tha lag, agus cuid a tha làidir;  
 Cuid a beath'chadh air bainne, agus mana aig pairt diubh;  
 " 'S ni e fein giulan seimh leis a' mheud sa 'm hheil àl diubh."

'S coir do'n dream is mò neart giulan faicilleach gràdhach,  
 Leis an dream a tha lag 's 'bhi ga'n-altrum gu bàigheil ;  
 'S ni h-ann a chum deasbaireachd 'amh'rusach, ghràineil :  
 Ach an Spiorad na faicill mar athair 's mar bhràthair.

Bidh an dream a tha lag 'fàs gach latha 'san fhirinn,  
 Oir tha gealladh air neart aig an lag o Rìgh Shìoin ;  
 Gheibh an t-anmhuineach neart uaith' trid fair' agus stri ris ;  
 'S ni e gàirdeachas tharta—saothair anama Chrìosd iad.

Their cuid 's le Apolas mi 's cuid is le Pòl mi ;  
 Am bheil annt' ach an ni 'chuir an siol ann am mòran ?  
 Ach an Ti thug am fàs 's airidh ghràidh do'n t-seòrs ud  
 'S is còir dhuinn' ar gràidh thoirt do'n àireamh fhuair còir ann.

'Tha roinnean san àl so mar 'bha anns an t-seòrs 'ud,  
 'Tha eaglais na h-Alb' ann a's eaglais na Roimhe ;  
 Baistich a's Burgers, Independents, 's Methodaich ;  
 Ach 'se their an fhirinn uach 'eil ann ach da sheorsa.

Mar as àrd tha na neamhan o'n talamh an còmhnuidh.  
 'S co ard a tha smuaintean an Tighearn' o mhòran ;  
 Ged their daoine gu minic gu'm bheil iomadach seors ann ;  
 'Se slighe gu h-ifrinn agus slighe gu glòir th'ann.

Tha slighe gu beath ann, a's slighe gu leir-sgrìos,  
 'S ann an aon diubh 'tha thusa, 'a dhuin' tha 'ga'm eisdeachd ;  
 'S mar deach' t-iompachadh fathasd tha thu fagus do leir-sgrìos ;  
 'S tu'n sas aig a cheartas nach leig as thu gu'n éiric.

Tha roinnean 'an aireamh na'm braithrean an combhuidh,  
 Mar 'bha Reubin sgun toil aige cron dheanamh dh' Ioseph ;  
 Nuair chaidh comharra graidh thoirt le Iacob do'n og 'nach :  
 Bha farmad aig each ris, 's e bhas nach robh mòr ac.'

Ma bhios neach a toirt umhlachd do aithn'tibh Ichobhah,  
 Le gradh do'n Ti bhasaich 's d'a bhraithrean mar chomhla ;  
 Bidh braithrean meo-bhla deanamh tair air an t-seors ud  
 O'n bhios barrachd do nadur a mhaigistir mhoir anut'.

Tha do ghnòthachs' ri Lagh nach d'thoir maitheanas beo dhuit,  
 Mar faigh thu dha urras bheir e thusa gu doruinn ;  
 'S ged theid neimh 's talamh thairis bidh e mairionn gad rosdadh ;  
 'S bheir e thusa do'n phriosun gus an ioc' thu gach feoirling.

Tha 'n lagh sin cho Spioradail 's mise cho feolmhor,  
 Air mo reiceadh fo 'n pheacadh gun neart gu teachd beo as  
 'S truagh nach robh m'anam an glacaibh Iehobhah,  
 Far nach dean peacadh mo sgaradh ri 'm bheo as.

Tha mo pheacaidh na's lionmhor na min-fheur a's reultan,  
 'S tha aimheil fo m' chionta is measa na iadsan ;  
 Cridhe, nadur a's inntinn bho'n do chinn gach mi-bheusan,  
 'S tha mi nis air fas sgith dhiubh thug iad dith orm nach leir  
 [dhomh.

Ach Caraid nam peacach, na'n cis-mhaor 's na'n striopach,  
 A dh'fhag a rìgh-chaithir gu'n toirt dhachaidh's g'an iompach  
 'Sann 's na dh'ìoc c do'n cheartas 'fhuair m' anam-sa sìochaint  
 Gloir dha bhios maireann, 's Hosannah ! gu sìorruiddh.

Fhir 'thanaig dhachaidh gu caladh Iehobhah,  
 'S a mhothaich am fiath tha fo sgiathan a throcair ;  
 Bidh tu 'n ath-ghoirid sgiamhach le h-ìomhaigh a ghloire  
 A' dealradh mar ghrìan ann am fianuis a mhorachd.

Tog a chuing-san tha eutrom a's foghlum o'n fhirinn,  
 'S lean e gach taobh ged bheir daoine dhuit mi-chliu ;

'S biodh a lagh air do chridhe leis an Spiorad 'g a sgrìobhadh ;  
'S bidh tu mar ris am Paras 'nuair a dh'fhagas tu'n rioghachd so

Bheir lagh Spiorad na beatha ann an Iosa an Slan-fhear  
Dhuit buaidh air a' pheacadh le feartan a ghrasan ;  
Bheir e saorsa do'n cheangailt 's bheir e chreach on fhear-laidir  
'S bheir fuasgladh do mhùltean th'ann am prìosan staid naduir.

Biodh t-obair fein agad' 's thoir obair fein Dhasan,  
Biodh e dhuit mar do Shagart, do Rìgh agus t'Fhaidhe :  
'S bi ri urnuigh 's ri faire aig cathair nan grasan ;  
'S gheibh thu esan na uil' anns na h-uile do'n t-slainte.

Bi 'cogadh ri'd' naimhdean, 's ni h-ann le do dhornaibh,  
Ach le claidheamh an 'Spioraid chur ri d'chridhe tha feolmhor,  
'S feumaidh aithreachas slainteil 'bhi ghna agad co'l ris ;  
'S bron airson peacaidh gach fhad' fhad 's is beo thu.

'S ann am meadhon do bhroin-sa bidh do dhochas aig éiridh,  
'S ged a threig thu gach ni bithidh ionmhas air neamh dhuit :  
Feuch nach gradhaich thu 'd chri' a bhi pilltinn do'n Eiphit,  
Diomh'nas nan diomh'nas gach ni tha fo'n ghreinn so.

Gu robh grasan an Spioraid an co-imeachd an dain so.  
Airson anamaibh a philleadh gu bhiglic a chum slainte :  
'S a chum creidsinn 'san iobairt 'rinn an t-siochaint an airde,  
'S gradh thoirt do Chriosda, d'a fhirinn, 's d'a chairdean.

---

x

181



Faint, illegible text in the upper middle section.

Faint, illegible text in the middle section.

Faint, illegible text in the lower middle section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text in the lower section.

